




# Kiboko

agus an nathair-uisge




Frances Usher • Stephen Lewis

**Nota**

Anns a' chànan Kiswahili, tha Kiboko a' ciallachadh each-aibhne. Tha Kiswahili air a bruidhinn ann an dùthchannan Afraganach mar Tanzania agus Kenya.

**Kiboko**

**agus an nathair-uisge**



An teacs Frances Usher  
Na dealbhan Stephen Lewis  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

**STÒRLANN • ACAIR**



Ann an Afraga bha abhainn àlainn.  
Ri taobh na h-aibhne bha craobhan àrda  
agus mòran feur gorm.  
Bha each-aibhne beag, Kiboko, a' fuireach  
san abhainn.



Latha bha siud bha Kiboko agus a mhàthair  
nan suidhe ri taobh na h-aibhne.  
Bha Kiboko uabhasach teth.  
“Carson nach tèid thu sìos fon uisge?”  
ars a mhàthair.



Mar sin chaidh Kiboko a-steach dhan uisge fhuar.

“Sgoinneil. Tha seo math,” thuir e.  
Sa mhionaid sin dh’èigh cuideigin shìos fon uisge. “Cuidich mi! Cuidich mi!  
Tog do chas mhòr dhìom!”



Choimhead Kiboko sìos dhan uisge ach chan fhaiceadh e a chasan fhèin.  
Chan fhaiceadh e ach poll agus gu leòr dheth.  
“Cò tha shìos an sin?” dh’èigh e.  
“Chan eil mi a’ faicinn cò th’ ann.”



Ann an tiotan chunnaic Kiboko rudeigin  
a' snàmh a-mach às an uisge.

'S e nathair-uisge bheag uaine a bha ann agus  
thuir i, "Bha mi a' dèanamh mo dhannsa  
nathrach nuair a sheas thu orm led chois mhòir."



“Tha mi duilich ma sheas mi ort,” arsa Kiboko.  
“Cha tug mi an aire dhut shìos an siud.  
Ach chòrdadh e rium an dannsa nathrach  
fhaicinn. An seall thu dhomh mar a nì thu e?”



“Seo mar a tha e a’ dol,” ars  
an nathair-uisge bheag uaine.  
Thòisich i air dannsa uabhasach luath  
dha Kiboko. Chaidh i an taobh seo,  
agus an taobh ud, thairis air agus fodha.



“S e dannsa eireachdail tha sin,” arsa Kiboko.  
“Tha mi fhèin airson fheuchainn cuideachd.”  
Thòisich Kiboko a’ dannsa.

Dhanns Kiboko an taobh seo agus an taobh ud.



Suas agus sìos.



Car mu char.

Dhanns e sìos an  
abhainn.

Ach cha tug e an aire  
dha na crogaill air  
taobh thall na h-aibhne.



Leum, boc.





Thòisich na crogaill a' snàmh às dèidh Kiboko. "Thoir an aire Kiboko!" dh'èigh an nathair bheag. "Tha na crogaill a' tighinn às do dhèidh." Ach cha chuala Kiboko an nathair ag èigheach. Chùm e air a' dannsa.



Shnàmh na crogaill a-null gu Kiboko. Chunnaic e na h-earbaill mhòra aca, am beòil mhòra agus am fiaclan uabhasach. Dh'èigh e, "Cuidich mi! Cuidich mi! Tha na crogaill a' dol gam ithe."





Chuala màthair Kiboko an èigh aige.  
Leum i dhan uisge agus shnàmh i a-null  
thuige cho luath ri iasg. Dìreach nuair a  
dh'fhosgail na crogaill am beòil mhòra  
airson Kiboko ithe, phut ise e a-mach às  
an rathad.



Shnàmh Kiboko agus a màthair air ais gu  
taobh thall na h-aibhne agus shreap iad suas  
air a' bhruaich.  
“Kiboko,” thuirt a màthair, “feumaidh tu  
sùil a chumail a-mach airson crogaill.  
Is toil leotha a bhith ag ithe eich-aibhne  
bheaga mar thu fhèin.”



Nuair a bha na crogaill air falbh,  
chaidh Kiboko air ais dhan uisge.  
Chunnaic e an nathair-uisge bheag uaine  
a' dannsa. "A bheil thu a' dol a dhannsa  
a-rithist, Kiboko?" dh'fhaighnich an nathair.  
"Tha," arsa Kiboko. "Ach chan eil an-diugh.  
Tha mi a' coimhead a-mach airson crogaill."

Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ  
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND  
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE  
IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Frances Usher 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2003 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte  
air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo  
ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho  
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Cataiogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn  
Gheibhear clàr-catagaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn

Tha Frances Usher a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh  
mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 612 0